



CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR SGOIL UILE-GHÀIDHLIG

Ro-innleachd Conaltraidh



Ro-ràdh

Is e adhbhar an sgrìobhainn seo, ro-innleachd na Comhairle a mhìneachadh a thaobh conaltradh is co-chomhairleachadh le prìomh luchd-ùidhe co-cheangailte ri gnìomh 2.11 de Phlana Gàidhlig na Comhairle a choileanadh:

“Bidh Earra-Ghàidheal is Bòd a’ dèanamh làn chonaltradh brioghmhor le Bòrd na Gàidhlig, mar chomhairliche air foghlam Gàidhlig, agus le luchd-ùidhe eile (a’ gabhail a-steach phàrantan agus riochdairean phàrantan) le amas air co-chomhairleachadh a thoirt air adhart taobh a-staigh 2 bhliadhna, gus an t-iarrtas a dhearbhadh airson sgoil uile-Ghàidhlig taobh a-staigh sgìre an ùghdarrais ionadail.”

Tha am pàipear seo a’ toirt seachad cùl-fhiosrachadh buntainneach, a’ gabhail a-steach mion-fhiosrachadh mun t-solar làithreach co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus a’ sireadh fiosrachadh is bheachdan air ais mun iarrtas airson sgoil uile-Ghàidhlig ann an sgìre an ùghdarrais ionadail.

Tha lethbhreac den Phlana Gàidhlig làthaireil ri fhaotainn [an seo](#).

Fiosrachadh Co-theacsail

Tha dleastanas air Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gu Plana Gàidhlig ullachadh agus fhoillseachadh. Tha na planaichean sin gan cur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig, buidheann corporra a chaidh a stèidheachadh le Ministearan na h-Alba, a dh’fheumas fo earrann 5(1)(a) no (b) de Achd 2005, am plana aontachadh no atharrachaidhean air, a mholadh.

Tha gnìomh 2.11 de Phlana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid a chaidh aontachadh, a’ mìneachadh gum bi:

“Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a’ conaltradh gu h-iomlan agus gu cuideachail le Bòrd na Gàidhlig, mar chomhairliche air foghlam Gàidhlig, agus le luchd-ùidhe eile (a’ gabhail a-steach phàrantan agus riochdairean phàrantan) le amas air co-chomhairleachadh a thoirt air adhart taobh a-staigh 2 bhliadhna gus an t-iarrtas a dhearbhadh airson sgoil uile-Ghàidhlig taobh a-staigh sgìre an ùghdarrais ionadail.”

Tha bunait na h-obrach conaltraidh is co-chomhairleachaidh na coileanadh air a’ ghnìomh seo gu h-àrd. Is e an t-adhbhar, na ghabhas de bheachdan a thaobh na h-ìre de dh’iarrtas agus de thaic do sgoil uile-Ghàidhlig taobh a-staigh Earra-Ghàidheal is Bhòid, a thional bho gach pàrtaidh le ùidh ann am foghlam – tro Mheadhan na Gàidhlig no na Beurla.

Solar Làthaireil

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) ri fhaotainn gu làithreach san Òban, san Apainn, ann an Dùn Omhain, Muile, Tiriodh agus Ìle. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn ann am Plana Foghlaim Bhliadhnail Earra-Ghàidheal is Bhòid [an seo](#).

Tha **Clàr 1** gu h-ìosal a’ toirt seachad thar-shealladh air an t-solar làithreach a tha ri fhaotainn taobh a-staigh gach togalach san Dùbhlachd 2023.

- Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig – Seo roghainn taobh a-staigh foghlam na h-Alba a tha a’ toirt cothrom do chlann agus do dhaoine òga air fàs fileanta sa Ghàidhlig. Mar a bhios clann agus daoine òga a’ gluasad bho ìre gu ìre, leanaidh iad orra a’ leasachadh am fileantachd. Ann an dèanamh sin, tha iad cuideachd a’ coileanadh amasan is cinn-uidhe a’ Churraicealaim airson Sàr-mhathais uile agus a’ leasachadh nam buannachdan uile an lùib dà-chànanas. Chan fheum luchd-ionnsachaidh a bhith à dachaighean far a bheil Gàidhlig ga labhairt. Tha iad a’ tòiseachadh ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraid ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne no ann am Priomh 1. Tha an tràth-ìre ionnsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig far nach eil cànan sam bith eile ga chleachdadh, aithnichte mar ‘làn bhogadh’. Tha làn bhogadh ga leasachadh taobh a-staigh co-theacsa Achd na Cloinne is Dhaoine Òga (Alba) 2014 far a bheil bogadh ga thoirt air adhart ann an àrainneachd chùramach agus àrachail. Tha suidheachaidhean far a bheil làn chleachdadh air Gàidhlig ga sheachnadh a’ gabhail a-steach cofhurtachadh leanabh a tha àmhgharach, ann an cùis èiginn, no airson cùisean a mhìneachadh co-cheangailte ri slàinte, sàbhailteachd agus sunnd. Is e an ‘ìre bogaidh’ an ath ìre ionnsachaidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. San ìre seo, tha an curraicealam gu h-iomlan ga theagasg tro mheadhan na Gàidhlig tarsainn nan ceithir thaobhan ionnsachaidh, mar a tha minichte ann an Togail a’ Churraicealm 3. Bu chòir do thidsearan a tha a’ leantainn adhartas agus coileanadh, daingneachadh gu bheil bunait thèarainte a-nis aig clann ann an Gàidhlig, a dh’fhaodas iad a ghluasad gu leasachadh air sgilean leughaidh is sgrìobhaidh ann am Beurla. Tha Beurla ga teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha cothrom air tuilleadh fiosrachaidh air làrach-lìn Foghlam Alba [an seo](#).
- Gàidhlig ga teagasg do Luchd-ionnsachaidh – Tha Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh a’ suidhe taobh ri taobh le teagasg air nuadh-chànanan eile ann an Alba. Tha Gàidhlig ga h-ionnsachadh san aon dòigh ’s a tha Fraingis agus cànanan eile gan teagasg. Sa bhun-sgoil, tha cothrom ann air Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) a thabhann mar L2 (Cànan 2) (a’ tòiseachadh ann am P1) no L3 (a’ tòiseachadh aig puing sam bith eadar P5 is P7). Tha seo fo sgèith Poileasaidh Cànan 1+2 Riaghaltas na h-Alba, agus bu chòir cothrom a bhith aig sgoilearan leantainn orra leis na cànanan sin san Àrd-sgoil. Tha mòran ùghdarrasan ionadail ann an Alba gu làithreach a’ tabhann Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil mar L2 no L3, a’ ciallachadh gum faod clann aig nach eil cothrom air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgìre aca, air Gàidhlig ionnsachadh. Dh’fhaodadh seo a bhith mar a’ chiad cheum gu fileantachd tro shlighean eile. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn [an seo](#).
- Gàidhlig mar an aon chuspair air a theagasg tro Ghàidhlig – [gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na teisteanasan nàiseanta a tha air an tabhann, tro làrach-lìn SQA an seo](#).

Clàr 1

Sgoil	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	Gàidhlig ga teagasg do luchd-ionnsachaidh	Gàidhlig mar an aon chuspair ga theagasg tro Ghàidhlig
Ro-5			
Aonad Gàidhlig Ro-5 Bhogha Mhòir	10		

Sgoil	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	Gàidhlig ga teagasg do luchd-ionnsachaidh	Gàidhlig mar an aon chuspair ga theagasg tro Ghàidhlig
Aonad Gàidhlig Ro-5 Bhun Easain	5		
Aonad Gàidhlig Ro-5 Achadh na Creige	9		
Aonad Gàidhlig Ro-5 na Sàilein	16		
Aonad Gàidhlig Ro-5 an Oitire	5		
Aonad Gàidhlig Ro-5 Thiriodh	15		
Bun-sgoil			
Bun-sgoil Achadh a' Chòis		4	
Bun-sgoil Àird Driseig		34	
Bun-sgoil Àirigh nan Gobhar		4	
Bun-sgoil Bhogha Mhòir		116	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Bhogha Mhòir	32		
Bun-sgoil Bhun Easain		12	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Bhun Easain	10		
Bun-sgoil Chàrdan Rois		78	
Bun-sgoil Chnoc a' Chaisteil		85	
Bun-sgoil a' Chlachain		11	
Bun-sgoil Chraiginis		24	
Bun-sgoil Dhàil Màilidh		29	
Bun-sgoil Dhearbhaig		15	
Bun-sgoil an Dùin Bhig		40	
Bun-sgoil Èisteil		31	
Bun-sgoil Ghiogha		10	
Bun-sgoil Eilean Idhe		11	
Bun-sgoil na Cille		32	
Bun-sgoil Chill an Inbhir		24	
Bun-sgoil Lios Mòr		6	
Bun-sgoil Cheann Loch Dona		17	
Bun-sgoil Loch nan Eala		82	
Bun-sgoil na Pàirce		92	
Bun-sgoil Phort Sgioba		29	
Bun-sgoil Phort Ilein		73	
Bun-sgoil an Rubha		96	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Achadh na Creige	50		
Bun-sgoil Achadh na Creige		239	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil na Sàilein	49		
Bun-sgoil na Sàilein		32	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil an Oitire	41		
Bun-sgoil an Oitire		18	
Bun-sgoil nan Eilean Bheaga		20	
Bun-sgoil Naoimh Chaluim Chille		62	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Shrath na h-Apainn	13		

Sgoil	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	Gàidhlig ga teagasg do luchd-ionnsachaidh	Gàidhlig mar an aon chuspair ga theagasg tro Ghàidhlig
Bun-sgoil Shrath na h-Apainn		13	
Bun-sgoil Thaigh an Uillt		29	
Aonad Gàidhlig Bun-sgoil Thiriodh	48		
Bun-sgoil Thiriodh		32	
Bun-sgoil Thobair Mhoire		73	
Bun-sgoil Ulbha		9	
Àrd-Sgoil			
Sgoil Ghràmair Dhùn Omhain	5	115	23
Àrd-Sgoil Ìle		56	7
Àrd-Sgoil an Òbain	13	306	26
Àrd-sgoil Thiriodh		34	15
Àrd-Sgoil Thobair Mhoire		10	26
3-18			
3-18 An Tairbeirt		29	
SÙIM IOMLAN	321 (60 Ro-5)	2032	97

Suidheachadh Nàiseanta

Gu làithreach, tha ochd sgoiltean aon-seasmhach Gàidhlig ann an Alba:

Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Bun-sgoil)	Glaschu
Ard-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Àrd-sgoil)	Glaschu
Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail (Bun-sgoil)	Glaschu
Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn (Bun-sgoil)	Glaschu
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis (Bun-sgoil)	Inbhir Nis
Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar (Bun-sgoil)	An Gearastan
Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Bun-sgoil)	Port Rìgh
Bun-sgoil Taobh na Pàirce (Bun-sgoil)	Dùn Èideann

Ciamar a tha sgoil aon-seasmhach Gàidhlig diofraichte bho Aonad tro Mheadhan na Gàidhlig?

- Tha an luchd-teagaisg uile a' labhairt Gàidhlig.
- Is e rùn sgoil Ghàidhlig gum bi Gàidhlig aig an luchd-obrach taic uile.
- Tha gnìomhachdan às dèidh sgoile no clubaichean aig àm lòn gan libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.
- Tha a' chlann uile sa phrìomh-shruth.
- Tha GME air an aon bhunait ri foghlam tro mheadhan na Beurla.
- Tha ceannardas agus slighe ro-innleachdail sgoil aon-seasmhach cuimsichte air feumalachdan foghlam bogaidh sa Ghàidhlig.

- Tha ùine sgoilearach an luchd-teagaisg uile stèidhichte air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a lìbhrigeadh, le aire iomchaidh ga thoirt do bhogadh agus do na riatanasan sònraichte an lùib togail cànan.
- Comas nas motha air tarraing bho choimhearsnachd nas fharsainge.

Solar Buidseatach

Is e £2,161,854 am buidseat iomlan don Ghàidhlig ann an 2023-24, le cosgaisean na Comhairle a' tighinn gu £1,630,846 agus maoineachadh tabhartais de £531,008. Tha an riarachadh air maoineachadh tabhartais air a bhith a' lùghdachadh bliadhna an dèidh bliadhna. B' àbhaist gun robh e a' còmhachadh 75% de chosgais nan dreuchdan teagaisg, ach a-nis chan eil e a' còmhachadh ach 57% mar thoradh air lùghdachadh sna tabhartasan agus meudachadh air cosgaisean co-cheangailte ri dreuchdan, mar eisimpleir am meudachadh pàighidh mu dheireadh.

Tha am maoineachadh tabhartais air a dhèanamh suas mar a leanas:

Teachd-a-steach	£ 355,000	Tabhartas sònraichte na Gàidhlig
1140 Teachd-a-steach	£ 162,772	
SMHSS Teachd-a-steach	£ 1,236	Sgeama Bainne is Grèimean Fallain Alba
FURAN	£ 12,000	Do dh'ionad Gàidhlig Furan san Òban, a' tighinn bho Mhaoin Buileachaidh Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig.
Total	£ 531,008	

Modh-obrach Co-chomhairleachaidh

Thèid an co-chomhairleachadh a choileanadh ann an co-rèir ri Acainn Co-chomhairleachaidh aontaichte na Comhairle, a chaidh fo rannsachadh agus ath-sgrùdadh o chionn ghoirid leis a' Chomataidh Rannsachaidh is Sgrùdaidh agus a bha air a mheas freagarrach don adhbhar. Tha an acainn a' tarraing air leasan a chaidh ionnsachadh bho cho-chomhairleachaidhean roimhe seo agus bhon chleachdadh as fheàrr mar a tha mìnichte anns na h-Inbhean Nàiseanta do Chom-pàirt Coimhearsnachd.

Leis gu bheil nàdar a' chonaltraidh aig an ìre seo gu bhith dìreach a' sireadh bheachdan mun iarrtas a dh'fhaodadh a bhith an làthair airson sgoil Ghàidhlig, chan eil an co-chomhairleachadh seo a' tuiteam taobh a-staigh cumhachan nam pròiseasan reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010, a tha a' follaiseachadh riatanasan sònraichte co-cheangailte ri làimhseachadh mholaidhean airson sgoiltean ùra a stèidheachadh, sgoiltean a ghluasad, agus prìomh atharrachaidhean eile a thaobh sgoiltean; no s7(1) de Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, a tha a' sònrachadh gum faod pàrant de phàiste fo aois sgoile iarraidh air an ùghdarras ionadail sa bheil am pàiste a' còmhnaidh, measadh a dhèanamh air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (GMPE).

Ach, tha stiùiridhean agus prionnsapalan feumail air am mìneachadh taobh a-staigh nam pròiseasan reachdail sin, ris as dòcha a dh'fhaodas sinn gabhail a thaobh a' cho-chomhairleachaidh neo-reachdail seo. Mar eisimpleir:

- Suidheachadh ùine co-chomhairleachaidh de 6 seachdainean co-dhiù, a' seachnadh saor-làithean na sgoile.
- Solarachadh fiosrachadh mionaideach a thaobh farsaingeachd a' chuspair co-chomhairleachaidh.
- Feuchaidh an t-Ùghdarras Ionadail ri ceistean is iarrtasan buntainneach uile airson fiosrachadh a bharrachd a fhreagairt, cho fada agus a tha gu reusanta comasach, ro dheireadh na h-ùine co-chomhairleachaidh;
- Aithisg co-chomhairleachaidh ullachadh agus fhoillseachadh, a tha a' tarraing còmhla ais-fhiosrachadh a' cho-chomhairleachaidh uile, agus a' moladh nan ath cheumannan a' leantainn air an ath-sgrùdadh.

Prìomh Bheachdachaidhean

Mar phàirt den phròiseas seo, tha àireamh de phrìomh bheachdachaidhean do an toir a' chomhairle aire, a' gabhail a-steach:

- Sgrùdadh air an ìre gun toireadh leasachadh air Sgoil Ghàidhlig buaidh air buidseatan Calpa is Teachd-a-Steach na Comhairle, stèidhichte mu choinneamh suidheachadh de lùghdachadh air buidseatan agus prìomhachasan nach eil a rèir a chèile;
- Aithneachadh nach eil solar Calpa sam bith ri fhaotainn gu làithreach airson Sgoil Ghàidhlig ùr a thogail agus a stèidheachadh;
- Aithne gum faodadh maoinachadh a bhith ri fhaotainn bho Riaghaltas na h-Alba nan deigheadh moladh airson Sgoil Ghàidhlig air adhart – a' ciallachadh, na Tabhartasan Sònraichte don Ghàidhlig (maoinachadh air a bhuileachadh gus cuid de na cosgaisean libhrigidh air Foghlam Gàidhlig a chòmhdach), agus Maoin Calpa Sgoiltean Gàidhlig (maoinachadh gus cuideachadh le cosgaisean calpa air an tarraing ann an leasachadh solar Foghlam Gàidhlig). Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na sruthan maoinachaidh sin aig Paragrafan 2.68 – 2.72 den [Stiùireadh Reachdail do Fhoghlam Gàidhlig](#);
- Riatanas air maoinachadh Teachd-a-steach a bharrachd a sholarachadh airson Sgoil ùr sam bith a ghoireasachadh, a' gabhail a-steach Luchd-teagaisg Gàidhlig a bharrachd le teisteanas iomchaidh a thrusadh còmhla ri luchd-obrach taic eile;
- Aithneachadh gu bheil airgead sam bith air iasad do phròiseactan Calpa a' tighinn aig cosgais do Theachd-a-Steach na Comhairle – le cosgais cuibheasach gu làithreach timcheall air £64,000 sa bhliadhna airson gach £1millean air iasad;
- Na buaidhean maoinachaidh air eileamaidean eile den t-Seirbheis Foghlaim ma dh'fhuiricheas am buidseat airson luchd-obrach / feumalachdan taic a bharrachd aig an aon ìre;
- Na buaidhean maoinachaidh air raointean seirbheis eile tarsainn na Comhairle, nan deigheadh co-dhùnadh air Sgoil Ghàidhlig a leasachadh;
- Tuigse do na dùbhlain leantainneach an lùib trusadh taobh a-staigh Foghlam, agus taobh a-staigh Earra-Ghàidheal is Bhòid gu h-iomlan, gu h-àraid a thaobh a' chomais air Ceannardan Sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd a thrusadh;
- Taic ann an cuideachadh leis a' Chomhairle fhiosrachadh mu na h-ath cheumannan a dh'fheumar a ghabhail aon uair 's gu bheil sinn air conaltradh gu h-iomlan agus gu cuideachail le luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig.

Ùine Co-chomhairleachaidh

Thèid ùine co-chomhairleachaidh de 10 seachdainean a ghabhail os làimh eadar 22 Giblean 2024 (às dèidh saor-làithean na Càisge) agus 30^{mh} Ògmhios 2024 (ro shaor-làithean an t-

samhraidh), a' gabhail cunntas air gnìomhachdan co-chomhairleachaidh is conaltraidh eile a tha a' gabhail àite / air am planadh tarsainn na Comhairle.

Luchd-ùidhe / Luchd-èisteachd

Airson adhbharan a' cho-chomhairleachaidh seo, tha prìomh luchd-ùidhe air an comharrachadh mar:-

- Bòrd na Gàidhlig
- Buill Thaghte
- Sgoilearan uile
- Luchd-obrach Sgoile uile
- Comhairlean Phàrant uile
- Coimhearsnachd fharsaing phàrant / luchd-cùraim
- Pàrantan sgoilearan san amharc
- Aonaidhean Ciùird Foghlaim
- Comhairlean Coimhearsnachd uile
- Comann nam Pàrant
- Spòrs Gàidhlig
- Comunn na Gàidhlig
- Stòrlann
- Fèisean nan Gàidheal
- Foghlam Alba
- BPA agus BP Roinnean-taghaidh / Liosta
- Meadhanan
- Am Poball san fharsaingeachd

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh air mar a bhios gach buidheann de luchd-ùidhe air an cleachdadh mar phàirt den phròiseas, air a gabhail a-steach don Phlana Obrachaidh air duilleag 10 gu h-ìosal.

Seat Cheistean

Is iad na ceistean a thaobh na suirbhidh don obair conaltraidh is co-chomhairleachaidh seo:-

1. A bheil thu den bheachd gum bu chòir don Chomhairle Sgoil uile-Ghàidhlig a sholarachadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd?
2. Ma tha:-
 - a) Minich d' adhbharan gu bheil thu den bheachd gum bu chòir seo a bhith air a dhèanamh?
 - b) Cò ris a bhiodh Sgoil uile-Ghàidhlig coltach, (m.e. ELC, bun-sgoil, àrd-sgoil, 2-18)?
 - c) A bheil beachdan agad air mar a dh'fhaodadh Sgoil Ghàidhlig a bhith air a maoineachadh, (m.e. maoineachadh bhon taobh a-muigh, àrdachadh sa Chis Chomhairle, lùghdachadh air buidseat eile)?

- d) Càite am bu chòir Sgoil Ghàidhlig a bhith stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal is Bòd?
- i. Ceann loch Chille Chiarain
 - ii. Dùn Omhain
 - iii. Baile Eilidh
 - iv. Ceann Loch Gilb
 - v. An t-Òban
 - vi. Baile Bhòid
 - vii. Eile – sònraich, mas e do thoil e.

3. Mura h-eil:-

- a) Carson nach eil?

4. Dè an ùidh a th' agad ann an Sgoil uile-Ghàidhlig?

- 'S e sgoilear a th' annam.
- 'S e neach-teagaisg a th' annam.
- 'S e pàrant / neach-cùraim a th' annam.
- Eile – sònraich, mas e do thoil e.

5. Thoir seachad seòladh puist-d dligheach nam bu mhath leat gun dèanadh sinn conaltradh riut às dèidh a' cho-chomhairleachaidh.

6. Thoir seachad a' chiad phàirt den chòd-puist agad.

Freagairt don Cho-chomhairleachaidh

- Thèid suirbhìdh air-loidhne a sgaoileadh gu luchd-ùidhe uile – rim faotainn tron cheangal a leanas
 - <https://forms.gle/XHDuzN6uvbYsm9Fp8>
 - <https://forms.gle/RQF3DfT98t3yFjJS9>
- Bidh mion-fhiosrachadh mun cho-chomhairleachadh, còmhla ri ceanglaichean gu cùl-fhiosrachaidh buntainneach agus gu an t-suirbhìdh fhèin, rim faotainn air na duilleagan iomchaidh air làrach-lìn na Còmhairle [an seo](#). Tha seo a' gabhail a-steach cothrom air tionndadh Gàidhlig den phàipearachd.
- Tha in-bhogsa puist-d air a chur air bhonn a dh'aon ghnòthaich gus ceadachadh do luchd-ùidhe fios a chur chun na Comhairle mun cho-chomhairleachadh (gaelicschoolconsultation@argyll-bute.gov.uk).
- Faodaidh lethbhreacan pàipeir den cho-chomhairleachadh am faotainn le an iarraidh.

Plana Obrachaidh

Tha an clàr gu h-ìosal a' mineachadh na gnìomhachd conaltraidh / nan raointean-ama a tha molta, a thaobh gach buidheann de luchd-ùidhe:-

Luchd-ùidhe	Modh(an) Conaltraidh	Cinn-latha
Buill Thaghte	<ul style="list-style-type: none"> Aonta don ro-innleachd conaltraidh / loidhne-tim – Stiùiridhean Poileasaidh / ELT Lethbhreac de na stuthan conaltraidh air post-d gu na Comhairlichean uile. Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mar a bhios feum air. 	Sultain '23 / Màrt '24 toiseach seachdain (t/s)15 Giblean
Bòrd na Gàidhlig	<ul style="list-style-type: none"> Lethbhreac den ro-innleachd conaltraidh a tha molta / aonta modh-obrach. Conaltradh leantainneach tron phròiseas. 	3 coinneamhan conaltraidh eadar Dùbhlachd 2023 agus Gearran 2024
Sgoilearan	<ul style="list-style-type: none"> Stuthan conaltraidh air post-d gu Ceannardan Sgoile uile airson an sgaoileadh gu sgoilearan / gus conaltradh cuimsichte a chur air dòigh rè na h-ùine co-chomhairleachaidh mar a tha air a mheas iomchaidh leis an t-Seirbheis Foghlaim. Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Luchd-obrach Sgoile	<ul style="list-style-type: none"> Stuthan conaltraidh air post-d gu Ceannardan Sgoile uile airson an sgaoileadh gu luchd-obrach sgoile. Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Comhairlean Phàrant	<ul style="list-style-type: none"> Stuthan conaltraidh air post-d gu Cathraichean Chomhairlean Phàrant uile airson an sgaoileadh gu buill Chomhairlean Phàrant. Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Fòram phàrant / luchd-cùraim nas fharsainghe	<ul style="list-style-type: none"> Stuthan conaltraidh a chur gu pàrantan uile tro Aplacaid Xpressions 	t/s 15 Giblean

	<ul style="list-style-type: none"> • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	
Pàrantan sgoilearan san amharc	<ul style="list-style-type: none"> • Stuthan conaltraidh a chur gu suidheachaidhean ELC uile airson an sgaoileadh gu pàrantan / luchd-cùraim. • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Aonaidhean Ciùird	<ul style="list-style-type: none"> • Stuthan conaltraidh a chur air post-d gu Aonaidhean Ciùird buntainneach uile. • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Comhairlean Coimhearsnachd	<ul style="list-style-type: none"> • Stuthan conaltraidh a chur air post-d gu Cathraichean Chomhairlean Coimhearsnachd airson an sgaoileadh don bhallrachd fharsaing. • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Luchd-ùidhe sònraichte Gàidhlig eile (mar a tha mìnichte air duilleag 7)	<ul style="list-style-type: none"> • Stuthan conaltraidh air post-d. • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
BPA agus BP Roinnean-taghadh / Liosta	<ul style="list-style-type: none"> • Stuthan conaltraidh air post-d. • Conaltradh leantainneach gus ceistean a fhreagairt / tuilleadh fiosrachaidh a sholarachadh mar a bhios riatanach. 	t/s 15 Giblean
Meadhanan	<ul style="list-style-type: none"> • Ullachadh bhrathan naidheachd / stuthan conaltraidh airson an sgaoileadh gu na meadhanan is pàipearan naidheachd ionadail. 	t/s 15 Giblean
Am Poball farsaing	<ul style="list-style-type: none"> • Adhartachadh stuthan conaltraidh tro na pàipearan naidheachd agus meadhanan sòisealta. 	t/s 15 Giblean

